



Geàrr-chunntas de choinneimh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir air a chumail air Dihaoine 09 Màrt 2018 ann an Seòmar Shomhairle, Ionad Iain Nobail, Sabhal Mòr Ostaig aig 11m.

Buill: Aonghas S MacLeòid (Cathraiche) Aonghas MacAonghais
Aonghas L MacLeòid Boyd Robasdan (bho 11.45)
Iain Greumach Iain Moireasdan
Sine Ghilleasbuig (bho 11.30) Art MacCarraig
Màiri NicAnndrais Kathleen NicFhionghain
Jo NicDhòmhnaill Bekah NicLeòid
Sandy Jones (air Cisco Spark gu 12.30)
Catriona Dunn (air Cisco Spark)

An Làthair: Iain T MacLeòid, Nicola NicThòmais (bho 11.30), Gillian Rothach (Bho 11.30) Karen Cheanadach (gu 4.00), Donnie Rothach
Fiona NicFhionghain
Ronnie MacRath HSCHT bho 1.30f gu 2.30f
Willie Dòmhnallach bho 2.30-2.45f

Leisgeulan: Aonghas MacIllinnein

Gnìomh

1 FÀILTE
Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair, agus gu h-àraidh air Jo NicDhòmhnaill chun a' chiad choinneimh den Bhòrd agus do Mhàiri NicAnndrais chun a' chiad choinneimh aice air làrach SMO.
Chaidh meal-a-naidheachd a chur air Gillian Rothach a chaidh ainmeachadh mar Phrionnsapal ùr na Colaiste bhon a choinnich na buill mu dheireadh.

2 ÙIDHEANN
Nochd Boyd agus Gillian Rothach ùidh anns a chuspair aig 4.1 Stiùireadh na Colaiste agus nach biodh iad an làthair aig toiseach na coinneimh gus an robhas deiseil de aithris a' Chathraiche.

3 GEÀRR-CHUNNTASAN

3.1 **CU17-04-02 (24.11.2017):** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh agus chuir an Cathraiche a làmh ris.

3.2 **Puingean Gnìomh**
Chaidh obrachadh tro na puingean gnìomh a leanas:

CU	Puing	Cuspair	Gnìomh	Dèante
17.02	2.3	An Leabharlann Poileasaidh Acquisitions ri sgrìobhadh.	CC	Dèante

17.03	8.7	Plana Leasachaidh Gum bi mentor ann airson buill ùra	FNF	Dèanta
17.04	4.1	Trusadh Litir gu prionnsapalan oilthighean agus cholaistean ag ainmeachadh gu bheilear a sireadh prionnsapal ùr agus ag iarraidh orra an naidheachd sin a sgaoileadh.	Buidheann Trusaidh	Dèante
17.04	4.1	Dreuchd a' Phrionnsapail Ainmean dhaoine iomchaidh a chur gu Aonghas S MacLeòid.	Buill	Dèante
17.04	5.2	Buill ùra - ainmean a chur gu Boyd/Nicola.	Buill	Dèante
17.04	6.2	Pàipear gu coinneamh a' Bhùird sa Mhàrt mun Phàirce-Geo Dà-chànanach.	Boyd/ITML	Dèante

3.3 **Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd CIO18-01-02 [22.02.2018]**
Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.

3.4 **Comataidh Sgrùdaidh AUD18-01-02 [09.02.2018]**
Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.

3.5 **Gnothaichean ag Èirigh**
Cha robh gnothaich sam bith ann.

4 4.1 **Aithris a' Chathraiche - Dreuchd a' Phrionnsapail**
Bhon a choinnich buill còmhla mu dheireadh, thathas air Prionnsapal ùr fhadthad – Gillian Rothach. Bidh i a' tòiseachadh san dreuchd air an 21 den Lùnastal 2018. Bha cothrom aig na buill meal-a-naidheachd a chur air Gillian aig dinnear a' bhùird a-raoir agus bidh coinneamh luchd-obrach ann an-diugh aig 1f far am bi am Bòrd gu h-oifigeil a cur fàilte air Gillian dhan dreuchd ùr. Thug an Cathraiche iomradh air a' phròiseas fastaidh. Chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh, gum biodh buidheann trusaidh air a chur air dòigh an àite a dhol gu companaidh fastaidh bhon taobh a-muigh. Air a' bhuidheann sin bha Sandaidh, Catriona agus Aonghas S. Thug an Cathraiche a thaing do na buill airson na h-obrach mhòr a rinn iad an luib a' phròiseas fastaidh. Leis gu robh Sandaidh eòlach air cuid de na tagraichean cha robh i a' faireachdainn gun robh e iomchaidh a bhith an sàs anns na h-agallamhan. Mar sin, chaidh iarraidh air Art a h-àite a ghabhail agus chaidh taing a thoirt dha airson sin a dhèanamh.

- 5 Ballrachd**
- 5.1 **Buill ùra**
B' e seo a' chiad choinneamh aig Jo NicDhòmhnaill na Stiùiriche agus chaidh fàilte a chur oirre. Tha Aonghas MacIlinnein cuideachd air aontachadh a bhith na Stiùiriche. Cha robh e comasach dha a bhith aig a' choinneimh an turas seo. Thathas fhathast a sireadh ainmean eile agus chaidh iarraidh air daoine ainmean a chur air adhart gu Fiona. Buill air fad
- 5.2 **A' taghadh Iar-Chathraiche**
Chaidh cothrom a thoirt do bhuill ainmean a chur air adhart airson na dreuchd, ach cha tàinig gin air adhart. Chaidh aontachadh seo fhàgail agus gum biodh Aonghas a' bruidhinn ri buill. ASML
- 5.3 **Beàrnan air Comataidhean**
Chaidh na leanas aontachadh:
- Comataidh Foghlaim** - Dh' aontaich Màiri a dhol air agus thèid bruidhinn ri Aonghas MacIlinnein. ASML
- Comataidh Corporra (CoCo)** - Tha Aonghas S MacLeòid a' gluasad bho CIO gu CoCo.
- Comataidh Ionmhais is na h-Oighreachd (CIO)** - Tha dà bheàrn fhathast air a' bhuidheann seo. Bhiodh e iomchaidh nam biodh cuideigin air a' Chomataidh bhon taobh a-muigh le eòlas air ionmhas. Chaidh aontachadh ainmean a chur gu Fiona. Buill air fad
- Comataidh Duais** - Dh' aontaich Catriona a bhith air a chomataidh seo agus thèid bruidhinn ri buill eile. ASML
- 6 Aithisg a' Phrionnsapail**
- Bhruidhinn Boyd ris an aithisg agus chomharraich e na puingeann a leanas:
- 6.1 **Faclair na Gàidhlig**
Tha airgead a dhìth airson 2018 gu 2023. Thathas a' feitheamh fios air ais bhon Chomhairle Mhaoineachaidh mun tagradh seo agus an dòchas gum faigh sinn fios ro dheireadh na mìos. Thathas dòchasach mun t-suidheachadh.
- 6.2 **Pàirce-Geo Dà-Chànanach an Eilein Sgitheanaich**
Tha feum air barrachd choinneamhan a chumail, gu h-àraid le urrasan coimhearsnachd san Eilean airson am beachdan fhaighinn air an iomairt seo.
Bidh co-dhùnadh cinnteach ann aig an ath choinneimh den Bhòrd Stiùiridh air dè phàirt a bhios a' Cholaiste a' gabhail anns a' Phàirce.

7

Foghlam agus Rannsachaidh

7.1

Bhruidhinn Iain Tormod ris an aithisg agus thugadh fa-near na puingeann a leanas:

STREAP

Thathas a' sanasachd airson Co-òrdanaiche airson STREAP an-dràsta.

BA (le urram) Gàidhlig agus Foghlam - Eòlas Bun-sgoil

Tha feum air neach teagaisg/ neach obrach le eòlas bun-sgoil airson taic leis a' chùrsa BA (le urram) Gàidhlig agus Foghlam. Mhol Art gum bu chòir coimhead air Co-òrdanaiche STREAP agus eòlaiche air foghlam bun-sgoil a chur còmhla mar aon dhreuchd.

Tràth-bhliadhnaichean agus Cùram Chloinne

Bha a' Cholaiste soirbheachail le tagradh gu Skills Development Scotland agus tha deich àite preantasachd ann. Thathas a' bruidhinn ri sgoiltean an-dràsta mu sgoilearan aig am biodh ùidh.

Oileanaich air Grèis Gnìomhachais

Tha 27 oileanaich bhon chiad bhliadhna air grèis gnìomhachais agus chaidh taing a thoirt do dh' Iain Greumach airson na h-obrach a rinn e a' cur nan greisean air dòigh.

An Cùrsa Tòiseachaidh

Thathas ag obair air na stuthan ionnsachaidh a dheasachadh agus an ùrachadh an-dràsta. Thathas an dòchas gum bi sin deiseil san Ògmhios.

7.1.1

Roinn Teagaisg

Thugar fa-near an aithisg a sgrìobh Iain Tormod.

Tha leudachadh air tighinn air an obair co-cheangailte ri trèanadh thidsearan agus foghlam Gàidhlig aig grunn ìrean sa Cholaiste agus bhathas a' moladh Roinn Teagaisg a chruthachadh sa Cholaiste le cead a' Bhùird. Bha deasbad fharsaing ann air a' chuspair.

Chaidh am moladh aontachadh gu h-aon ghuthach. Bha am Bòrd a' faireachdainn gun toireadh an Roinn ùr fòcas nas làidire air foghlam aig gach ìre bho thràth bhliadhnaichean gu trèanadh thidsearan.

7.1.2

Ro-innleachd nan Meadhanan

Thugar fa-near an aithisg a sgrìobh Iain Tormod mu Ro-innleachd ùr airson nam Meadhanan.

Choinnich buidheann bhon Cholaiste airson beachdachadh air an t-slighe air adhart airson a' Chùrsa Diploma anns na Meadhanan, agus an Stiùidio. Tha e follaiseach gu bheil feum air innealan ùrachadh san stiùidio ach bhiodh cosgais mu £20,000 an luib seo. Tha plana gnìomh a dhìth airson an stiùidio agus targaidean nas cothromaiche a bhith anns a' bhuidseat mu choinneamh sin. Bha buill a' faireachdainn gum feumar barrachd rannsachaidh a dhèanamh le eòlaichean bhon ghniomhachas fhèin. Tha saoghal craolaidh air atharrachadh cho mòr agus 's e glè bheag de phrògraman a th' air an dèanamh ann an stiùidio a-nis. Cuideachd bhathas a' faireachdainn gum biodh e iomchaidh

DR

faighinn a-mach a bheil a' chùrsa fhèin freagarrach airson a' ghnìomhachais, agus a bheil na sgilean ceart aig oileanaich leis mar a tha teicneòlas air gluasad.

7.2

Aithris bho na h-Oileanaich

Bhruidhinn na h-oileanaich mu thogalach Comann nan Oileanach agus an obair sgeadachaidh a tha iad a' dèanamh air an-dràsta

Thug iad iomradh air na diofar thachartasan anns an robh iad an sàs.

8

Taisbeanadh bho Ronnie MacRath, HSCHT

Chaidh taisbeanadh inntinneach agus feumail a thoirt seachad le Ronnie MacRath mun ath ìre de leasachaidhean a tha san amharc airson na Cille Bige.

Tha an ùine a' ruith agus feumar co-dhùnaidhean agus bruidhinn a dhèanamh air an t-slighe air adhart gu sònraichte air:

Dè an t-iarrtas a th' ann airson thaighean/ taighean seann daoine.

An diofar mheasgachadh de thaighean/ thoglaichean a tha dhìth.

Cò bhios a com-pàirteachadh gus seo a thoirt gu buil

Ionmhas.

Aonta air a' phròiseas procurement

Uisge na h-Alba - Feumalachdan a thaobh stèisean pumpa.

Chaidh aontachadh coinneamh fòn a chumail gus co-dhùnadh a dhèanamh air na puingeann sin, thèid pàipearan iomchaidh a sgaoileadh ron choinneimh fòn.

DR

Chaidh aontachadh an taisbeanadh aig Ronnie a sgaoileadh a-measg bhall.

FNF

9

Aithris bho Uilleam Dòmhnallach, Comataidh Sgrùdaidh

Bhruidhinn Uilleam Dòmhnallach air an obair aige mar chathraiche na Comataidh Sgrùdaidh. Chaidh taing a thoirt dha airson tighinn agus airson na tha e a' dèanamh air a' chomataidh sin.

10

Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh

Thughadh fa-near aithisg an Stiùiriche Leasachaidh agus chaidh na puingeann a leanas a thogail às:

10.1.1

Tobar an Dualchais

Thathas fhathast a' strì airson airgead a h-uile bliadhna airson Tobar an Dualchais. Bidh Donnie a' togail na puing seo aig a' Bhuidheann Maoineachaidh ann an Dun Èideann an ath sheachdain.

10.2

ERDF

Tha an suidheachadh a thaobh peanais ERDF a' coimhead dòchasach. Thathas air brath beòil fhaighinn nach bi againn ris an airgead a phàigheadh. Thig fianais sgrìobhte airson seo a dhearbhadh a dh'aithghearr.

Chaidh taing a' Bhùird a thoirt do Donnie, Boyd, Iain Gordon agus Dòmhnall Angaidh airson na h-obrach mhòr a rinn iad an luib na h-

iomairt seo.

10.3 **Òraid an t-Sabhail**

Bu chòir ainmean sam bith a chur gu Fiona no Cairistiona

Buill air fad

10.4 **Ionad Spòrs**

Chaidh aithisg mun Ionad spòrs ùr a chur mu choinneamh nam ball. 'S e toiseach tòiseachaidh a tha seo air an t-slighe gu goireasan spòrs a thogail air an làrach. Bhathas a' faireachdainn gur e rud math a bhiodh an seo airson oileanach, luchd-obrach agus na coimhearsnachd. Tha Donnie a' cur prìomhachas air an obair seo. Bidh e doirbh airgead a thogail ach bha am Bòrd ag aontachadh gu bheil an leasachadh seo cudromach.

11 **Aithris Stiùiriche an Ionmhais**

Bhruidhinn Karen air na puingean a leanas:

11.1 **Am Buidseat**

Chaidh am buidseat fa chomhair a' Bhùird an dà chuid am buidseat aontaichte (actual) suas gu Faoilleach '18 agus an ro-aithris (forecast) gu Iuchar '18. Bha am buidseat air a dhol tro Chomataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd (CIO) mar tha. Thog Karen air na prìomh dhraghan a thaobh a' bhuidseit:

Àireamh de dh' oileanaich HE sìos am-bliadhna. Gu h-àraidh tha an àireamh a tha a' tighinn bho na sgoiltean sìos.

Stiùidio Skyespace - Mar a chaidh a ràdh cheana aig puing 7.1.2, tha feum air plana airson an stiùidio gus airgead a thoirt a-steach. Bha 35k air a chur mu choinneamh an stiùidio ach chaidh sin a thoirt a-mach às a' bhuidseat agus bha am Bòrd ag aontachadh gun robh sin ciallach.

Thog a' chiad phuing deasbad fharsaing a-measg bhall mu shuidheachadh na Gàidhlig anns na sgoiltean agus an roghainn a th' aig sgoilearan nuair a thig e gu bhith taghadh chuspairean. Bhathas a' faireachdainn gu bheil seo na chunnart mhòr dhan t-Sabhal anns na bliadhnaichean ri thighinn. Chaidh na gnìomhan a leanas aontachadh:

Ceist a thaobh Gàidhlig anns na sgoiltean a thogail aig ìre phoilitigeach

BR

Rannsachadh a dhèanamh air de na roghainnean a th' aig sgoilearan a thaobh Gàidhlig nuair a tha iad a' taghadh chuspairean aig àrd ìre ann an diofar sgoiltean. (m.e Ciamar a tha na colbhan taghaidh air an cur a-mach, A bheil Gàidhlig a' co-fharpais le cuspairean eile mar ceòl, saidheans, ealain)

NNT

Bruidhinn ri Aonghas MacIllinnein ach a bheil cothrom ann a thaobh E-sgoil.

Co-labhairt de thidsearan àrd-sgoil aig SMO san Ògmhios - cothrom ann bruidhinn riuthasan mu seo.

Ro-innleachd airson Procurement

Bha Karen den bheachd gun robh feum air ro-innleachd procurement nas treasa agus bha sin a-measg pàipearan a fhuair na buill.

Chaidh dà cheist/phuing a thogail às an ro-innleachd:

A bheil na h-iarntasan agus dleastanasan againne a thaobh na Gàidhlig follaiseach do APUC?

Chan eil sinne nar pàirt den Highlands and islands Outcome agreement. Tha aonta fa-leth againne leis a' Chomhairle Maoineachaidh (SFC). Feumaidh sin atharrachadh anns an sgrìobhainn.

Cuartaichidh Karen dreachd ùr den ro-innleachd a' gabhail a-steach KC nam puingean seo.

Terms and Conditions

Chaidh na Terms and Conditions ùr aontachadh.

- 11.2 **Clàr Chunnartan**
Tha an clàr air a dhol tron Chomataidh Sgrùdaidh agus a' Bhuidheann Stiùiridh. Chaidh obrachadh tro na puingean dearga agus àrdachaidhean a bha air a bhith ann le mìneachadh bho Karen.
- 11.3 **Bail ùr Ostaig**
Thugar fa-near gun tèid Bail ùr Ostaig a dhùnadh mar chompanaidh.
- 11.4 **Bàrganachadh Pàigheadh Nàiseanta**
Thugar fa-near am pàipear a sgrìobh Nicola air na chosg na h-àrdachaidhean gu ruige seo agus airson bliadhna ionmhais 18/19.
- 11.5 **Aithisg Chorporra**
Thugar fa-near an aithisg Chorporra, cha robh ceistean sam bith aig buill mun aithisg.
- 11.6 **Adhartas an Ro-innleachd**
Thugar fa-near an aithisg air Adhartas na Ro-innleachd, cha robh ceistean sam bith aig buill mun aithisg.
- 11.7 **Aithisg Pàrantachadh Corporra**
Chaidh an aithisg aontachadh.
- 11.8 **Poileasaidhean**
Chaidh na poileasaidhean a leanas aontachadh
Tiodhlacan is Aoigheachd (081 dreachd 1.1)
Gearanan Oileanach (019 dreachd 1.1)
Bàs Oileanaich (043 dreachd 1.1)

	Uairean sùbailte (a' leantainn riaghailtean ACAS) Thèid na poileasaidhean a chur dhan leabhar-làimhe.	FNF
11.9	<u>Clàr na Bliadhna</u> Chaidh iarraidh gum biodh coinneamhan a' Chomataidh Choinnannachd air a' chlàr. Chaidh Clàr na Bliadhna aontachadh.	CNC
11.10	<u>Plana Leasachaidh a' Bhùird</u> Thugar fa-near Plana Leasachaidh a' Bhùird.	
12	GNOTHAICH IOMCHAIDH SAM BITH EILE	
12.1	<u>An t-Albannach</u> Chaidh iarraidh air buill am biodh iad deònach artaigeil a sgrìobhadh airson An Albannaich. Dh'aontaich ceithir sin a dhèanamh. 'S iad: Sine, Aonghas S MacLeòid, Art (deireadh na bliadhna) agus Iain Moireasdan. Cuiridh Nicola ainmeannan gu Janni Diez. Dh' fhàg Karen a' choinneamh aig 4f	NNT
12.2	<u>Cànan</u> Dheasaich Nicola agus sgioba Cànan SWOT analysis. Mar chompanaidh na Colaiste, bu chòir dithis bhall bhon Bhòrd Stiùiridh a bhith nan Stiùirichean air Bòrd Cànan. Chaidh iarraidh air buill smaoinichadh am biodh ùidh aca a dhol air a' Bhòrd sin.	Buill air fad
12.3	<u>Urras Leasachaidh</u> Chaidh ainmeachadh gu bheil Tormod MacIlliosa agus Eòghann Dòmhnallach deònach a bhith air an Urras Leasachaidh.	
13	CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH Ceann-là na h-Ath Choinneimh: 15 Ògmhios 2018, Sabhal Mòr Ostaig.	